

AN CRIOSDUIDH AIG BRUAICH IORDAIN.

Chuireadh an Dan a leanas d'ar n-ionnsuidh le fear-eolais,
a dh'innis duinn gur ann le Diadhair ainmeil san Tìobh
tuath a rinneadh e. Cha bhuin e dhuinn ain-meachadh o
nach 'eil a chead fein againn; ach ma thig so gu laimh,
creideadh e gu'n cuireadh e comain shonraicht oirnn
barrachd de 'n t-seorsa chur d'ar n-ionnsuidh.

Is dluth air abhainn Iordain mi,
'S tha 'n fheoil a' gabhail sgath;
Bu mhaith anis an dochus ud
Nach cuir gu bron no nair—
An dochus fhuair na h-athraichean,
Air carruig bhuan nan al,
Tre 'n d'fhuair gu tearuint' dhachaidh iad,
A steach do thir Chanain.

Tha 'n fheoil a' crith, 's cha'n ioghnadh e
Dol sìos gu Iordain bais;
Tha sgail na h-oidhch' ag iathadh orm;
'S tha cianalas a' fas;
Oir se tha romham siorruidheachd,
Nach tomhais grian no la;
An cuan ata neo-chrìochanach,
Gun iochdar ann no traigh.